

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Clach an Eig

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 997. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 693 corresponds to Litir 997.*

Am broinn seann eaglais an Eig ann an taobh sear Rois tha clach mhòr iongantach. Tha i snaighte le ìomhaighean brèagha oirre. Canaidh daoine Clach an Eig rithe. Tha i mìle is dà cheud bliadhna a dh’aois agus chaidh a dèanamh leis na Cruithnich.

Gu mì-fhortanach, chan eil a’ chlach slàn an-diugh. Thathar a’ smaoinichadh gun deach cron a dhèanamh oirre a dh’aona-ghnothach aig àm an Ath-leasachaidh. Ann an seachd ceud deug, naochad ’s a seachd (1797), sgrìobh ministear na paraiste, an t-Urr. Alasdair MacAdhaimh, gun robh a’ chlach air a bhith a’ seasamh an àirde anns a’ chladh chun na bliadhna seachd ceud deug, fichead ’s a còig (1725) nuair a chaidh a leagail ann an stoirm.

Anns an ochdamh linn deug, chaidh obair-càraidh a dhèanamh oirre, a’ cleachdadh phìosan meatailt. Bha pìos a bha briste dheth air a shadail don allt a tha a’ ruith ri taobh na h-eaglaise. Chaidh a lorg an sin o chionn fichead bliadhna. Chaidh a’ chlach a chur ri chèile gu proifeiseanta – cho math ’s a b’ urrainn – agus tha i a-nise air a taisbeanadh am broinn na h-eaglaise.

Thathar dhen bheachd gun robh i bho thùs aig geata na h-eaglaise. ’S e an ìomhaigh as motha oirre crois Chrìosdail. **’S e sin as coireach** gun tuirt mi an t-seachdain sa chaidh gum faod sinn a bhith an ìre mhath cinnteach gun robh adhradh Crìosdail a’ gabhail àite air an làraich sin bho chionn mìle is dà cheud bliadhna. ’S dòcha nach e a-mhàin a’ chrois a tha ag innse sin dhuinn. Tha cuid de sgoilearan dhen bheachd gu bheil sgeulachd Rìgh Dhaibhidh às a’ Bhìoball air a riochdachadh anns na dealbhan snaighte air a’ chloich cuideachd.

Chan eil fios le cinnt dè an coltas a bh’ air an eaglais an uair sin. **Chanainn** gun robh i beag, agus mullach tughaidh oirre. Chaidh ath-thogail a dhèanamh oirre ann an sia ceud deug, fichead ’s a sia (1626). Chaidh clag a chur innte – agus tha i innte fhathast.

Tha Eaglais an Eig a’ riochdachadh cruth nan seann eaglaisean Albannach. Tha i air a cuairteachadh air trì taobhan le seann chladh. Tha seann leacan ann a tha cho sean ’s nach gabh an leughadh a-nise. Tha na clachan-uaigne dìreach ann am Beurla ach a-mhàin aonan le bàrdachd Ghàidhlig oirre.

Tha a’ chùbaid aig ceann an ear an togalaich. Tha àite fòidhpe far am biodh fear-togail an fhuinn a’ cur a-mach na loidhne. Tha lobht ann far am biodh cuid nan suidhe, agus treastaichean airson a’ choitheanail air beulaibh na cùbaid.

Bha a’ Ghàidhlig gu math làidir ann an Ros an Ear fad ceudan bhliadhnaichean. Ged a tha an dùthaich còmhnard is torrach – agus mar sin gu math

eadar-dhealaichte bho mhòran àiteachan eile air a' Ghàidhealtachd – bha i gu cultarail mar phàirt dhen Ghàidhealtachd mhòir. Ann an Eaglais an Eig ann an seachd ceud deug, trithead 's a naoi (1739), thòisich ath-nuadhachadh spioradail fo bhuidheann shearmonaichean nach robh nam ministearan – buidheann ris an canadh iad Na Daoine. Às an Eig, sgaoil an teachdaireachd aca air feadh na Gàidhealtachd. B' e am fear a b' ainmeile dhiubh fear Dòmhnall Ruadh a chaochail aig aois ceud is còig bliadhna.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Clach an Eig: *The Nigg Stone*; slàn: *complete*; an t-Urr. Alasdair MacAdhaimh: *Rev. Alexander MacAdam*; crois Chrìosdail: *a Christian cross*; mullach tughaidh: *thatched roof*; lobht: *loft*; treastaichean: *pews*; coitheanal: *congregation*; Dòmhnall Ruadh: *Donald Roy*.

**Abairtean na Litreach:** Am broinn seann eaglais an Eig: *inside the Nigg old church*; snaighte le ìomhaighean brèagha oirre: *carved with beautiful images on it*; chaidh a dèanamh leis na Cruithnich: *it was made by the Picts*; gun deach cron a dhèanamh oirre a dh'aona-ghnothach aig àm an Ath-leasachaidh: *that it was damaged deliberately at the time of the Reformation*; nuair a chaidh a leigeil ann an stoirm: *when it was brought down in a storm*; chaidh obair-càraidh a dhèanamh oirre: *repair work was done on it*; bha pìos a bha briste dheth a shadail don allt: *a piece that was broken off was thrown into the burn*; cho math 's a b' urrainn: *as well as could be*; air a taisbeanadh: *displayed*; gun robh i bho thùs aig geata na h-eaglaise: *that it was originally at the gate of the church*; gun robh adhradh a' gabhail àite air an làraich sin: *that worship was taking place on that site*; chaidh clag a chur innte: *a bell was installed in it*; tha a' chùbaid aig ceann an ear an togalaich: *the pulpit is at the east end of the church*; tha àite fòidhpe far am biodh fear-togail an fhuinn a' cur a-mach na loidhne: *there is a place below it where the precentor would do the precenting*; gu cultarail mar phàirt dhen Ghàidhealtachd mhòir: *culturally part of the greater Gaidhealtachd*; thòisich ath-nuadhachadh spioradail: *a spiritual awakening began*; sgaoil an teachdaireachd aca: *their message spread*.

**Puing-chànain na Litreach:** Chanainn gun robh i beag: *I'd say it was small*. Chanainn 'I would say' is a really good verbal form to master as a learner because it reflects your thinking, and it can sound as if you are thinking in Gaelic (which may or may not be true!) Try and throw in fhìn or fhèin 'self' as well. Chanainn gur e fear cunnartach a th' ann an X 'I'd say X is a dangerous man'; an robh an geamhradh ann an Alba fuar? 'was the winter in Scotland cold'? – chanainn fhìn gun robh, ged nach canadh Ruiseanach sin 'I myself would say so, although a Russian wouldn't say so'.  
**Gnathas-cainnt na Litreach:** 'S e sin as coireach gun tuirt mi: *that's the reason I said*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA